


A' togail Alba Ùr Tèarainteachd Shòisealta ann an Alba neo-eisimeileach

BUILDING A NEW
SCOTLAND



Geàrr-chunntas

Tar-shealladh

Tha an geàrr-chunntas seo a' cur an cèill molaidhean Riaghaltas na h-Alba airson tèarainteachd shòisealta ann an Alba neo-eisimeileach. Tha am pàipear slàn:

- a' mìneachadh carson a dh'fheumas dòigh-obrach na RA a thaobh tèarainteachd shòisealta atharrachadh agus tha e a' comharrachadh nan atharrachaidhean tràtha a bheireadh Riaghaltas na h-Alba seo a-steach le neo-eisimeileachd
- a' cur air adhart lèirsinn Riaghaltas na h-Alba a thaobh mar a dh'fhaodadh tèarainteachd shòisealta a bhith nas cothromaiche, le barrachd urram agus le barrachd spèis san fhad-ùine, agus mar a dh'fhaodadh dòigh-obrach ùr cuideachadh le bhith a' libhrigeadh eaconamaidh nas treasa le neo-eisimeileachd

Thoiribh an aire gun tèid molaidhean air peinnseanan a chur air adhart ann am pàipear eile san t-sreath A' Togail Alba Ùr.

Tha a' phrìomh aithisg a' toirt seachad barrachd mion-fhiosrachaidh mu na molaidhean seo, mion-sgrùdadh air an fhianais a tha gam fiosrachadh, a bharrachd air iomraidhean air tùsan.

Tèarainteachd shòisealta san RA

Tha siostam tèarainteachd shòisealta làidir bunaiteach ann an comann-sòisealta cothromach agus co-ionann. Bu chòir dha ar dìon uile tro dheagh is droch amannan nar beatha, nuair a tha sinn a' tòiseachadh teaghlach, a' sireadh obair no a' leigeil dhinn ar cuid dhreuchdan. Bu chòir dha taic a chumail ruinn nuair a tha sinn a' toirt cùram do bhuill teaghlach no do charaidean, mura h-urrainn dhuinn obair, no ma tha cosgaisean a bharrachd oirnn leis gu bheil sinn tinn no gu bheil ciorram oirnn. Bu chòir dha lùghdachadh a thoirt air a' chron a tha air adhbharachadh le bochdainn agus teachd a-steach a thoirt seachad a leigeas le daoine a bhith beò gu math agus a bhith soirbheachail, seach dìreach a bhith beò.

Tha siostam tèarainteachd shòisealta làidir cuideachd deatamach airson dùthaich nas cothromaiche agus nas co-ionainne, ach cuideachd airson eaconamaidh nas beothaile agus nas tarbhaiche. Aig a' cheann thall, tha tèarainteachd shòisealta na thasgadh ann an comann-sòisealta cothromach agus beairteach.

Ach, thar iomadh bliadhna a-nis, tha dòigh-obrach na RA a thaobh tèarainteachd shòisealta air ìrean taic ionmhais a thoirt seachad nach eil idir iomchaidh. Tha reothadh shochair, capaichean is crìochan, obair mar chumha, agus smachd-bhannan uile air crìonadh a thoirt air luach na tèarainteachd shòisealta agus èifeachdas an lìon sàbhailteachd.

Sheall a' chiad fhoillseachadh san t-sreath 'A' togail Alba ùr' gu bheil ìrean bochdainn nas àirde agus sochair do dhaoine a-mach à obair nas ìsle san RA na dùthchannan Eòrpach neo-eisimeileach a tha coimeasach ri Alba. Tha seo, agus na poileasaidhean a tha air am mìneachadh gu h-àrd, a' sealltainn nach eil siostam tèarainteachd shòisealta Westminster a' tabhann dìon ionmhais iomchaidh dhaibhsan a dh'fheumas taic an dàrna cuid sa gheàrr-ùine no san fhad-ùine.

Gu dearbha, san t-Samhain am-bliadhna, chuir Neach-aithris Sònraichte an UN air fìor bhochdainn às leth Riaghaltas na RA gun do bhris iad lagh eadar-nàiseanta le ìrean sochair "a tha fada bho bhith gu leòr" agus iad ag ràdh:

Ma choimheadar air prìs taigheadais, dealain, na h-ìrean fìor àrd de dh'atmhorachd airson biadh thairis air an dà bhliadhna a dh'fhalbh, tha mi a' creidsinn gu bheil an £85 san t-seachdain airson inbhich ro ìosal gus daoine a dhìon bho bhochdainn, agus gu bheil sin a' briseadh alt a naoi sa chùmhnannt eadar-nàiseanta air còraichean eaconamach, sòisealta [agus cultarail].

Chan eil na cosgaisean daonna a tha an cois co-dhùnaidhean poileasaidh tèarainteachd shòisealta Riaghaltas na RA - a' bhuidh a th' aca air sunnd chorporra is inntinn dhaoine a tha beò ann am bochdainn - idir iomchaidh. Sin as coireach gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' cur £127m an seilbh am-bliadhna gus a' bhuidh as miosa aig poileasaidhean tèarainteachd sòisealta Riaghaltas na RA a lasachadh. Cha bu chòir seo a bhith a dhìth ann an dùthaich a tha cho beairteach ris an RA.

Is urrainn siostam tèarainteachd shòisealta nach eil freagarrach daoine a ghlacadh ann am bochdainn, ag adhbharachadh chosgaisean a bharrachd dhan chomann-shòisealta agus dhan riaghaltas. Air an làimh eile, is urrainn siostam tèarainteachd shòisealta làidir, amalaichte taobh a-staigh eaconamaidh sunnd, neo-ionannachd structarail a thoirt às a chèile agus an cron a dh'adhbharaicheas bochdainn a lùghdachadh. Is urrainn dha suidheachaidhean a chruthachadh anns an urrainn dhan a h-uile duine soirbheachadh, agus aig an aon àm a bhith ag aithneachadh nach eil obair phàighte cheart dhan a h-uile duine agus nach e sin an aon dòigh air cur ri agus a bhith mar phàirt de chomann-shòisealta co-leanailteach, eadar-mheasgte agus cothromach.

Thèarainteachd shòisealta ann an Alba

Tha fèin-riaghladh mar-thà air sealltainn mar as urrainn do riaghaltasan siostam nas cothromaiche agus builean nas fheàrr a libhrigeadh ma nì iad co-dhùnidhean eadar-dhealaichte.

Thug Achd na h-Alba 2016 cumhachdan cuibhrichte a thaobh tèarainteachd shòisealta do Phàrlamaid na h-Alba. Chaidh siostam tèarainteachd Albannach shònraichte a chruthachadh le a dhòigh-obrach fhèin.

Tha ceithir-deug sochairean tèarainteachd shòisealta an gnìomh ann an Alba, tha seachd dhiubh sin ùr agus ri fhaighinn ann an Alba a-mhàin. Nuair a tha na sochairean uile air an toirt a-steach agus gu bheil duaisean dhaoine air an gluasad gu sàbhailte bho Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan (DWP), thathar an dùil gum bi Tèarainteachd Shòisealta Alba – ar buidheann tèarainteachd shòisealta ùr – a' toirt taic do mu dhà mhillean inbheach is pàiste, le mu £5.3 billean ann an caitheamh shochairean am-bliadhna. Tha seo a' sealltainn mar as urrainn do dh'Alba atharrachadh dha-rìribh a libhrigeadh gu h-èifeachdach.

Tha Riaghaltas na h-Alba seo mar-thà air a bhith àrd-amasach leis an dòigh-obrach aige a thaobh shochairean.

Mar eisimpleir, tha còig pàighidhean ùra rim faighinn a-nis airson teaghlaichean le teachd-a-steach ìosal luach timcheall air £10,000 ron àm a ruigeas pàiste aois a sia agus còrr air £20,000 ron àm a ruigeas pàiste aois sia-deug. Thuirt an t-Àrd-ollamh Danny Dorling aig Oilthigh Oxford gun robh “an tuiteam as motha ann am bochdainn chloinne, ann an àite sam bith san Roinn Eòrpa san 40 bliadhna mu dheireadh” air a bhith ann mar thoradh air Pàigheadh Clann na h-Alba.

A cheart cho cudromach, chaidh siostam na h-Alba a thogail air seata de phrionnsabalan a tha a' cur urram, cothromachd agus spèis aig a chridhe. Tha seo, gu ìre, air sgàth 's gu bheil siostam na h-Alba ga chruthachadh còmhla ris na daoine as fheàrr a thuigeas tèarainteachd shòisealta - an fheadhainn a chuir a-steach airson sochairean iad fhèin agus na buidhnean a tha a' toirt taic dhaibh.

Ach, a dh'aindeoin an adhartais a rinneadh mar thoradh air fèin-riaghladh, tha a' mhòr-chuid de chumhachdan tèarainteachd shòisealta fhathast aig Riaghaltas na RA a'

gabhail a-steach sochairean teachd-a-steach ìosal, aois obrach, agus sochairean aois peinnsein. Le làn chumhachdan, bhiodh e comasach do dh'Alba tòrr a bharrachd a dhèanamh.

Tèarainteachd shòisealta às dèidh neo-eisimeileachd

Tha Riaghaltas na h-Alba airson tèarainteachd shòisealta a dhìon. Bhiodh a bhith a' cur ri iomchaidheachd agus cothromachd tèarainteachd shòisealta na phrìomhachas ma thèid Alba na dùthaich neo-eisimeileach.

Le neo-eisimeileachd, thòisicheadh còmhraidhean mu bhith a' gluasad a h-uile uallach airson tèarainteachd shòisealta a tha glèidhte aig an àm seo. Dhèanadh seo cinnteach gun leanadh daoine orra a' faighinn nam pàighidhean air a bheil iad airidh, ann an deagh àm agus gu h-iomlan.

Tha an riaghaltas seo a' moladh atharrachaidhean mòra a dhèanamh air prìomh thaobhan den t-siostam tèarainteachd shòisealta a tha glèidhte an-dràsta. Ged a bheireadh e ùine làn shiostam tèarainteachd shòisealta a chur an sàs, bhiodh na bliadhnaichean tràtha de neo-eisimeileachd a' cruthachadh cothrom gus leasachaidhean a dhèanamh sa bhad. Bheireadh an riaghaltas seo prìomhachas do dheich prìomh ghnìomhan gus **Creideas Coitcheann ath-leasachadh, agus sochairean luchd-cùraim agus ciorraim a leasachadh le amas gus luach ionmhasail shochairean àrdachadh**. Bhiodh iad seo a' gabhail a-steach:

1. **A' toirt air falbh na crìch dà-phàiste , agus a' cur às dhan 'chlàs èigneachaidh' aige , gus teachd-a-steach teaghlaich àrdachadh agus cuid de theaghlaichean a thogail a-mach à bochdainn.** Tha an fhianais a' sealltainn gur e glè bheag de bhuaidh a thug a' chrìoch dà leanabh air meud theaghlaichean ach gu bheil e air àrdachadh a thoirt air an àireimh chloinne ann an teaghlaichean nas motha a tha ann am bochdainn.
2. **A' toirt air falbh cap nan sochairean** a tha a' cuingealachadh luach nan sochairean a gheibh dachaigh gach bliadhna – a-rithist, tha seo gu sònraichte a' toirt buaidh air teaghlaichean le clann. Tha sinn mar-thà a' tasgadh ann a bhith a' lùghdachadh cap nan sochairean, ach bheireadh neo-eisimeileachd làn chumhachdan do dh'Alba gus cap nan sochairean a thoirt air falbh.
3. **A' cur às do chis nan seòmraichean-cadail** tha sin a' lùghdachadh bhuannachdan dhaibhsan far a bheilear a' meas gu bheil 'cus sheòmraichean-cadail' nan dachaigh. Tha Riaghaltas na h-Alba air na goireasan aca fhèin a chleachdadh gus dèanamh cinnteach, cho fada 's as urrainn dha, nach bi cìs nan seòmraichean-cadail a' toirt buaidh air dachaigh sam bith ann an Alba. Le neo-eisimeileachd, ghabhadh cìs nan seòmraichean-cadail a thoirt à reachdas tèarainteachd shòisealta.
4. **A' cur thabhartasan 'iasadan buidseataidh' an àite Creideas Coitcheann** gus daoine fa leth agus teaghlaichean a chuideachadh anns na ciad sheachdainean de bhith a' faighinn na sochaire ùire. Bheireadh seo faochadh air an àm feitheimh còig seachdainean agus bhiodh e a' ciallachadh gum biodh Creideas Coitcheann air a

phàigheadh aig an ìre iomlan aige, às aonais lùghdachaidhean agus fiachan a tha mu choinneamh dhaoine aig an àm seo.

5. **A' cur crìoch air siostaman smachd-bhannan nan sochairean a th' ann an-dràsta** gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' faighinn taic a-steach gu cosnadh seasmhach agus builean nas fheàrr san fhad-ùine, a' cruthachadh dòigh-obrach nas cothromaiche, nas urramaiche agus le spèis, a thaobh tèarainteachd shòisealta.
6. **Bhiodh a bhith a' cur crìoch air leth-bhreith aois ann an Creideas Coitcheann** a' dèanamh cinnteach gum faigheadh pàrantan fo aois 25 an aon uiread de thaic ionmhais dhan teaghlach aca 's a th' ann dhaibhsan a tha nas sine na 25. Tha an aon chosgais air màl is biadh ge b' e dè an aois a tha thu.
7. **A' dèanamh barrachd gus dèanamh cinnteach gun cuir daoine a-steach airson nan sochairean air a bheil iad ion-roghnach.** Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba mar-thà a bhith a' brosnachadh ìre-cleachdadh shochairean Albannach agus a' toirt taic do dhachaighean gus an teachd a-steach a mheudachadh. Le neo-eisimeileachd ghabhadh barrachd a dhèanamh, a' gabhail a-steach atharrachadh obair choidsichean-obrach gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine a' chomhairle a tha a dhìth orra gus an làn chòir aca air tèarainteachd shòisealta a ruighinn.
8. **A' neartachadh agus a' tasgadh ann am barrachd taic le cosgaisean gluasad a-steach a dh'obair,** a' gabhail a-steach leithid chosgaisean cùram cloinne a dh'fheumar pàigheadh ro-làimh, siubhal agus aodach. Bheireadh sinn cruth-atharrachadh cuideachd air libhrigeadh na taic a th' ann mar-thà, a' gabhail a-steach tro choidsichean-obrach Ionad-obrach Agus agus Cothrom air Obair, gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean freagairteach agus a' coileanadh fheumalachdan an fheadhainn a tha gan cleachdadh.
9. **A' dol nas fhaide, nas luaithe gus piseach a thoirt air taic do luchd-cùraim gun phàigheadh,** le dòigh-obrach nas coileanta tro shiostam chìsean is tèarainteachd shòisealta a bhios ag obair nas fheàrr dhan a h-uile neach-cùraim.
10. **A' cur stad air a bhith a' sgaoileadh atharrachaidhean air libhrigeadh shochairean ciorram is droch shlàinte** a chaidh a thoirt a-steach mar thoradh air Pàipear Geal Slàinte is Ciorram Riaghaltas na RA agus a bhith a' cur às do na h-atharrachaidhean sin.

Dh'fhaodadh ceumannan tràtha mar seo tòiseachadh air cuid den chuideam a tha air na teaghlachan as bochda an-dràsta a lùghdachadh agus a dhèanamh nas fhasa do chuid de dhaoine gluasad a-steach no fuireach ann an obair phàighte agus leasachadh a thoirt air an taic a tha ri fhaotainn do luchd-cùraim gun phàigheadh agus do dhaoine air a bheil ciorram. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu na h-atharrachaidhean sin sa phrìomh phàipear.

Tha an caiteachas a bharrachd a thathar a' meas a bhiodh a dhìth gus ath-leasachaidhean a' Chreideis Choitcheann gu h-àrd a libhrigeadh, còrr is £250 millean ann an 2023-24. Chan e suim bheag a tha seo idir ach feumar faicinn ann an co-theacs an £24.7 billean a bhithear a' cosg air tèarainteachd shòisealta ann an Alba le riaghaltasan na RA agus na h-Alba ann an 2023-24. A bharrachd air sin, dh'fhaodar a bhith an dùil gun toireadh lùghdachadh ann am bochdainn agus airc lùghdachadh air cosgaisean eile

dhan stàit san fhad-ùine, mar eisimpleir an fheadhainn a tha air adhbharachadh le neo-ionannachdan slàinte: tha seo co-cheangailte ri dòigh-obrach bhunaiteach Riaghaltas na h-Alba a thaobh eaconamaidh sunnd agus dòigh-obrach ceangailte a thaobh riaghaladh, le fòcas air builean gus daoine a dhèanamh nas fhallaine, nas toilichte agus nas beartaiche.

San fhad-ùine, **bheireadh neo-eisimeileachd cothrom seachad gluasad gu siostam tèarainteachd shòisealta ùr.** Bhiodh na prionnsapalan a tha air am mìneachadh ann an Achd Tèarainteachd Shòisealta (Alba) 2018 aig cridhe an t-siostaim ùir seo. Bhiodh e na shiostam far bheil cothrom air tèarainteachd shòisealta na chòir dhaonna, na siostam a tha dealasach a thaobh spèis is urram do dhaoine fa-leth agus a tha dealasach a thaobh ìrean bochdainn a lùghdachadh ann an Alba. Siostam a bheireadh seachad siostam taic amalaichte do dhaoine ciorramach agus do luchd-cùraim, gun na cuingealachaidhean lìbhrigidh a tha an lùib siostam cìse agus tèarainteachd shòisealta glèidhte.



Dh'fhaodadh siostam mar seo **Gealladh Teachd-a-steach as ìsle a thoirt a-steach.** Is e gealltanais tèarainteachd ionmhais a tha seo airson deagh is droch amannan nar beatha - còir air teachd a-steach reusanta, stèidhichte aig ìre gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd beatha urramach ann, le airgead gu leòr aig daoine chan ann a-mhàin airson a bhith beò agus pàigheadh airson na rudan riatanach, ach airson a bhith soirbheachail. Tha Riaghaltas na h-Alba air tòiseachadh air obair air seo mar-thà, le taic bho Bhuidheann Eòlaichean, a' coimhead air mar a ghabhadh Gealladh Teachd-a-steach as ìsle a lìbhrigeadh. Thathar an dùil gum foillsich Buidheann nan Eòlaichean aithisg dheireannach ann an 2024 le molaidhean airson gnìomhan ri ghabhail sa bhad agus rùintean san fhad-ùine, a' gabhail a-steach mar a bu chòir an ìre de Bharantas Teachd-a-steach as ìsle a shuidheachadh - stèidhichte air feum agus cosgais bith-beò - agus na riatanasan reachdail agus lìbhrigidh.

Thar ùine, bhiodh comas ann cuideachd do riaghaltasan san àm ri teachd togail barrachd air seo ma thogras iad, a dh'ionnsaigh Teachd-a-steach Bunasach Uile-choitcheann . Bheireadh Teachd-a-steach Bunaiteach Uile-choitcheann ìre bhunasach de theachd a-steach do na h-uile, gun chumha sam bith, agus ge b' e dè an teachd a-steach agus de na goireasan eile a th' aca. Tha comas aig seo tèarainteachd ionmhais a thoirt do na h-uile agus gus neo-ionannachd a lùghdachadh.

Is iad seo nan roghainnean airson riaghaltasan Alba neo-eisimeileach san àm ri teachd. Ge b' e dè an t-slighe a thèid a thaghadh, bu chòir do mhuinntir na h-Alba fhathast a bhith a' cumadh an t-siostaim tro na Pannalan Gnàth-eòlais againn, a' togail air na bun-luachan a bhios stèidhichte ann am bun-reachd Alba neo-eisimeileach.

Co-dhùnadh

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd, gum faodadh siostam tèarainteachd shòisealta ùr builean fada nas fheàrr a libhrigeadh dhuinn uile ann an Alba neo-eisimeileach. Dh'fhaodadh e cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri bochdainn agus neo-ionannachd agus aig an aon àm a' làimhseachadh a h-uile duine againn, ge b' e dè an suidheachadh sa bheil sinn, le urram, cothromachd agus spèis. Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom ùr dhuinn slighe a stèidheachadh gu Alba nas cothromaiche, nas toilichte agus nas beartaiche.



© Riaghaltas na h-Alba, 2023

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an Dùbhlachd 2023

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant,
Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1393174 (12/23)